

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Ìomhaigheachd nan Craobh

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 837. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 533 corresponds to Litir 837.

Halò a-rithist. Nise, seo ceist dhuibh. Cò am bàrd Gàidhlig, air an robh Mac an t-Saoir mar ainm, a chleachd ìomhaighean de nàdar gu làidir anns a’ bhàrdachd aige? Tha fhios gu bheil sibh ag ràdh, ‘Donnchadh Bàn’. Agus cha bhiodh sibh ceàrr. Ach ’s ann air fear eile a tha m’ aire an-dràsta. Tha mi a’ meòrachadh air an duine seo **air sgàth ’s gun robh mi a’ bruidhinn mu dheidhinn Shomhairle MhicIain an t-seachdain sa chaidh.**

Thig mi gu Seumas Mac an t-Saoir à Gleann Nodha an ceartuir. An toiseach, ge-tà, bu mhath leam rudeigin a ràdh mu ìomhaigheachd nan craobh ann am bàrdachd Ghàidhlig. Bha na seann Ghàidheil a’ tomhas nan craobh mar gum biodh ann an dà bhuidhinn – feadhainn bheannaichte agus feadhainn mhallaichte. Agus bhiodh iad a’ dèanamh tuairisgeul de dhaoine a rèir na h-ìomhaigheachd sin.

Mar eisimpleir, ann an ‘Alasdair à Gleanna Garadh’ tha a’ bhana-bhàrd Sìleas na Ceapaich a’ moladh a’ chuspair gu mòr, an dèidh a bhàis. Èistibh ris a’ cheathramh seo:

*Bu tu ’m bradan anns an fhìor-uisg,
Fìr-eun air an eunlaith as àirde,
Bu tu ’n leòmhan thar gach beathach,
Bu tu damh leathann na cràice.*

Agus seo agaibh Sìleas a’ cur ìomhaigheachd nan craobh an sàs:

*Bu tu ’n t-iubhar anns a’ choillidh
Bu tu ’n darach daingeann làidir,
Bu tu ’n cuileann, bu tu ’n droighinn,
Bu tu ’n t-abhall molach blàthmhor;
Cha robh do dhàimh ris a’ chritheann
No do dhligheadh ris an fheàrna;
Cha robh bheag annad dhen leamhan;
Bu tu leannan nam ban àlainn.*

B’ iad na craobhan beannaichte an t-iubhar, an darach, an cuileann, an droigheann agus an t-abhall no craobh-ubhail. B’ iad na craobhan mallaichte an critheann, an fheàrna agus an leamhan.

Uill, bidh cuimhne agaibh gun tàinig Somhairle MacIain chun na Gàidhealtachd agus gun do dh’fhoillsich e droch bheachd air a’ Ghàidhlig. Bha sin a dh’aindeoin ’s gun d’ fhuair e fàilte is coibhneas gu leòr.

Bha Seumas Mac an t-Saoir à Gleann Nodha, taobh Loch Èite ann an Earra-Ghàidheal, air a mhaslachadh leis na sgrìobh an Sasannach. Agus sgrìobh e fhèin dàn nimheil, a’ càineadh MhicIain. An-diugh, cha bhiodh foillsichear Gàidhlig a’ dol faisg air oir bhiodh an luchd-lagha gu math trang!

Seo pìos de ‘Òran don Ollamh MacIain’:
*Gur tu an losgann sleamhainn tàrrbhuidh,
’S tu màigein tàirngeach nan dìgean,
Gur tu dearc-luachrach a’ chàthair
Ri snàg ’s ri màgaran mìltich;*

'S tu bratag sgreataidh an fhàsaich,
'S tu 'n t-seilcheag ghrànda, bhog, litheach,

Is mar sin air adhart...! Tuigidh sibh dè bha mi a' ciallachadh! Agus seo agaibh Seumas a' cleachdadh ìomhaigheachd nan craobh:

*Cha bu tu 'n droigheann no 'n cuileann
No an t-iubhar fulannach làidir,
Chan eil mìr annad dhen darach
No de sheileach dearg nam blàran;
Tha 'chuid as motha dhìot de chritheann,
Ìnean sgithich 's làmhan feàrna –
Tha do cheann gu lèir de leamhan,
Gu h-àraidh do theanga 's do chàirein.*

B' iad na craobhan beannaichte aige fhèin – an droigheann, an cuileann, an t-iubhar agus an darach – ceithir de na còig a bh' aig Sìleas. Agus an fheadhainn mhallaichte – an critheann, an fheàrna agus an leamhan – na trì a bh' aig Sìleas. Agus an sgitheach is seileach dearg a bharrachd. Ìomhaigheachd àraidh de chraobhan na Gàidhealtachd.

* * * * *

Faclan na Litreach: ìomhaighean: *images*; Somhairle MacIain: *Samuel Johnson*; Seumas Mac an t-Saoir: *James MacIntyre*; Gleann Nodha: *Glen Noe*; tuairisgeul: *description*; Gleanna Garadh: *Glengarry*; darach: *oak*; cuileann: *holly*; droighinn: *blackthorn*.

Abairtean na Litreach: ìomhaigheachd nan craobh: *arboreal imagery*; feadhainn beannaichte agus feadhainn mhallaichte: *blessed ones and cursed ones*; èistibh ris a' cheathramh seo: *listen to this quatrain*; fir-eun air an eunlaith as àirde: *eagle in the highest flock*; 'n leòmhann thar gach beathach: *the lion above all beasts*; damh leathann na cràice: *the stout, antlered stag*; 'n t-iubhar anns a' choillidh: *the yew in the forest*; 'n t-abhall molach blàthmhor: *you were the apple-tree, rough-barked, covered with blooms*; cha robh do dhàimh ris a' chritheann: *you had no kinship with the aspen*; no do dhligheadh ris an fheàrna: *or bonds with the aspen*; cha robh bheag annad dhen leamhan: *you had nothing of the lime-tree in you*, leannan nam ban àlainn: *the darling of the beautiful women*; a dh'aindeoin 's gun d' fhuair e fàilte is coibhneas gu leòr: *despite [the fact] that he received plenty of warmth and kindness*; air a mhaslachadh: *disgusted*; cha bhiodh foillsichear a' dol faisg air: *no publisher would go near it*; an losgann sleamhainn tàrrbhuidh: *the slimy yellow-bellied toad*; màigein tàirngeach nan dìgean: *the sluggish crawler [toad?] of ditches*; dearc-luachrach a' chathair: *the lizard of the swamp*; ri snàg 's ri màgaran mìltich: *which creeps and slithers through sweet-grass*; 's tu bratag sgreataidh an fhàsaich: *the ugly wasteland caterpillar*; 'n t-seilcheag ghrànda, bhog, litheach: *the foul, soft, slimy snail*; chan eil mìr annad dhen darach: *there is not a bit of the oak in you*; seileach dearg nam blàran: *the red willow of the plains*; tha 'chuid as motha dhìot de chritheann: *most of you is of aspen*; ìnean sgithich: *hawthorn nails*; gu h-àraidh do theanga 's do chàirein: *especially your tongue and gums*.

Puing-chànain na Litreach: **air sgàth 's gun robh mi a' bruidhinn mu dheidhinn X: because I was speaking about X.** Air sgàth agus [the last word shortened to 's] presumes a clause following it, is there is a verb. Without a verb, the expression is air sgàth eg air sgàth a bheachd, air sgàth na droch shìde. This is a common error that has crept into the language in recent years – one commonly hears expressions like air sgàth 's an droch shìde. The 's is only used when followed by a clause and air sgàth commands the genitive case not the nominative.

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Bu tu 'm bradan anns an fhìor-uisg: you were the salmon in the freshwater.**

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA